

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

**Brath
Naidheachd**

Cleachd sa Bhad

BUIDHEANN ÒIGRIDH NIS LE PRÒGRAM AIR AN RÈIDIO

Tha Iomairt Ghàidhlig Iar-thuath Leòdhais air buidheann òigridh ùr a steidheachadh ann an Nis, buidheann a tha'n dùil diofar phròiseactan tro mheadhan na Gàidhlig a chur air dòigh san àm ri teachd. Tha am buidheann air a dhèanamh an àirde de òigridh a tha a' frithealadh Sgoil Lionail air P7, S1 agus S2. Chaidh am buidheann a steidheachadh airson pròiseactan, a chur air dòigh, taobh a-muigh na sgoile.

Thairis na ceithir mìosan a chaidh seachad tha a' bhuidheann air a bhith a' coinneachadh as dèidh na sgoile, ag obair ag ullachadh prògram rèidio, an co-bhonn leis a' BhBC. Chaidh cuspairean aig am biodh uidh sònraichte aig muinntir Nis annta an taghadh agus chaidh pìosan ciùil a-rèir na cuspairean an taghadh. Am measg na cuspairean a th'anns a' phrògram, tha an goireas ùr ann an Nis, Spòrsnis agus iomairtean ionadail gus stad a chur air blàthachadh na cruinne. Rannsaich a' bhuidheann na cuspairean agus a rinn iad fhèin na h-agallamhan airson a' phrògram. Bha iad ann an stiuidios a' BhBC dà uair a' cur a' phrògram ri chèile agus ga chlàradh. Fhuair a' bhuidheann taic bho ioma duine is buidheann, ach gu sònraichte bho Anndra Robasdan, riochdaire bhon BhBC.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Thuir Magaidh NicAoidh, a tha na Cathraiche air Iomairt Ghàidhlig Iar-thuath Leòdhas, “Tha seo na eisimpleir air an seòrsa pròiseact sam bidh an Iomairt an sàs gus gach cuid a’ chlann cothrom fhaighinn an cuid Gàidhlig a chleachdadh agus cuideachd an sgilean a thaobh na meadhanan ùra a leasachadh. Bheir an seòrsa pròiseact seo mòran mhisneachd dhan chlann a thaobh a bhith a’ cleachdadh na Gàidhlig agus tha e a’ toirt cothrom dhaibh sgilean ùr a thogail bho luchd-obrach proifeasanta, mar Anndra.”

Thèid am prògram a chraoladh mar phàirt den phrògram, ‘Rapal’ air BBC Rèidio nan Gàidheal, air Diluain 22mh An Gearran, a’ tòiseachadh aig 7.00f.

Tha na h-iomairtean cànan air am maoineachadh le Bòrd na Gàidhlig agus Iomairt na Gàidhealtachd ‘s nan Eilean agus air an cuir an gnìomh le Comunn na Gàidhlig..

Airson tuilleadh fiosachaidh, cuiribh fios gu Marina Mhoireach air 01851 701802 neo marina@cnag.org.uk

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



NESS YOUTH GROUP ON RAPAL

The North Lewis Gaelic Initiative has formed a new youth group in Ness, which hopes to work on various upcoming new projects through the medium of Gaelic. The group consists of Lionel School pupils from Primary 7, S1 and S2. The group was formed to create and provide Gaelic activities outwith the school.

Over the last four months, the group has been meeting regularly after school, producing a radio programme, alongside the BBC. Topics which are of interest to the Ness community were chosen for the programme and various related pieces of music were also selected by the group. Among the topics, there are pieces on the new Spòrsnis facility and the initiatives to stop global warming in Ness. The group researched the various topics and also conducted the interviews for the programme. They attended the BBC Studios on two occasions, to put the programme together and to record it. The group received assistance from a number of sources but in particular from Andrew Robinson, a producer with the BBC.

Maggie Mackay, chair of the North West Lewis Gaelic Initiative said, “This is an example of the sort of project that the Initiative will be working on, providing young people with the opportunity to use their Gaelic and at the same time developing skills in new media. This kind of project will give the young people confidence in speaking Gaelic and it gives them the opportunity to learn new skills from professionals, like Andrew.”

The programme will be broadcast as part of “Rapal” on Monday 22nd February, starting at 7.00pm on Radio nan Gaidheal.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



The language initiatives are funded by Bòrd na Gàidhlig and Highlands and Islands Enterprise and administered by Comunn na Gàidhlig.

For more information, please contact Marina Murray on 01851 701802 or marina@cnag.org.uk